

Poileasaidh is Plana Àrainneachdail

Poileasaidh Àrainneachdail

Tha an sgrìobhainn seo a' gabhail a-steach:

- Poileasaidh àrainneachdail, a chaidh aontachadh le bòrd nan urrasairean air 24 Ògmhios 2020 – taobh-duilleig 1.
- Plana-gnìomh àrainneachdail airson 2020-21 (gu bhith air ath-sgrùdadh is ath-nuadhachadh gach bliadhna) – taobhan-duilleig 2-5

Tar-shealladh poileasaidh

Is e Comhairle nan Leabhraichean a' phrìomh bhuidheann airson sgrìobhadh is foillseachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha CnanL air rùnachadh sgudal a lùghdachadh, lùths a chaomhnadh agus gus sgaoididhean carboin ìsleachadh. Mar bhuidheann a bhios a' faighinn maoineachadh Riaghaltas na h-Alba tro Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig, tha CnanL ag amas air luachan Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta na h-Alba a chumail suas, a' gabhail a-steach nan amasan a thaobh leasachadh seasmhaich a tha air an cur an cèill san aithris seo:

“Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd agus tha sinn ga dìon is ga leasachadh”¹.

Tha am poileasaidh làithreach (taobh-duilleig 1) a' mìneachadh geallaidhean na buidhne san fharsaingeachd, agus tha am plana gnìomh (taobhan-duilleig 2-5) a' mìneachadh thargaidean sònraichte airson 2020-21 agus airson nam bliadhnaichean às dèidh sin. Ann a bhith a' dealbhadh a' phoileasaidh agus a' phlana seo, tha sinn air feuchainn ri raointean den obair againn a chomharrachadh a dh'fhaodadh droch bhuidheann a thoirt air an àrainneachd agus air dòighean anns an urrainn dhuinn a' bhuidheann sin a lùghdachadh, agus feuchaidh sinn ri sùil a chumail air mar a bhios sinn a' cleachdadh lùths agus stòrasan eile, agus sinn ag amas air gnìomhachd ana-caithteach a lùghdachadh agus na cleachdaidhean obrach againn atharrachadh mar a bhios iomchaidh agus practaigeach.

Sgrùdadh agus aithris

Tha rùn aig CnanL sùil a chumail air mar a bhios i a' cleachdadh lùths agus stòrasan agus nì i aithris gu cunbhalach do Creative Carbon Alba, mar phàirt den aonta maoineachaidh chunbhalach aice le Alba Chruthachail. Aig an àm seo, 's e Manaidsear na Bùtha agus Oifigear Ionmhais a tha an urra ri bhith ag aithris do Creative Carbon Alba.

A' cumail ris a' phoileasaidh

Nì bòrd urrasairean CnanL cinnteach gu bheil luchd-obrach, buill a' bhùird, luchd-dreuchd sealach, inntearnaich, msaa mothachail air a' phoileasaidh agus air an uallach aca a bhith a' cur ri amasan a' phlana gnìomh nuair a bhios seo comasach, agus a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil siostaman iomchaidh an gnìomh airson sgrùdadh agus aithris. Tha e na rùn aig luchd-obrach CnanL gun dèan sinn cinnteach gum bi na foillsichearan, sgrìobhadairean agus luchd-ealain eile leis am bi sinn ag obair mothachail air a' phoileasaidh àrainneachdail againn agus am brosnachadh gus na h-amasan ann a choileanadh nuair a bhios iad ag obair còmhla rinn. Bidh CnanL cuideachd a' dèanamh oidhirp, far an gabh sin dèanamh, gus bathar agus seirbheisean fhaighinn bho sholaraidhean aig a bheil dealas ainmichte airson a bhith a' cumail ri inbhean àrainneachdail iomchaidh.

¹ nationalperformance.gov.scot

Ath-sgrùdadh

Chaidh an tionndadh seo den phlana is den phoileasaidh aontachadh le Bòrd nan Urrasairean air 24 Ògmhios 2020. Thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air gach bliadhna agus thèid ath-nuadhachadh mar a bhios iomchaidh.

Plana Gnìomh Àrainneachdail 2020 -21

Raon obrach	Tar-shealladh	Buaidh Àrainneachdail	Lùghdachadh	Amasan sònraichte airson 2020-21
Cosgaisean Ruith airson an ionaid	Tha 5 aonadan gnìomhachais aig CnanL ann an Sràid Achadh a' Mhansa, Glaschu a tha air mhàl bho Partick Works. Is iad seo bùth, oifis, seòmar bùird agus dà sheòmar stòrais.	Cleachdadh dealain airson teasachadh is solas. Tha a' bhùth agus an oifis air an soillseachadh agus air an teasachadh rè uairean obrach. Tha na seòmraichean eile gan cleachdadh bho àm gu àm.	Cha bhi sinn a' soillseachadh agus a' teasachadh seòmar a' bhùird ach a-mhàin nuair a thathar ga chleachdadh. Cha bhithear a' teasachadh no a' dol a-steach gu na seòmraichean stòrais ach corra uair agus mar sin, cha tèid mòran lùths a chleachdadh orra. Tha rèididheataran air am prògramadh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' cleachdadh lùths gu h-èifeachdach.	<ul style="list-style-type: none"> • Cumaidh sinn sùil air mar a tha sinn a' cleachdadh lùths ann an 2020-21 agus nì sinn measadh air roghainnean airson lughdachadh ann an cleachdadh lùths ann an 2021-22 agus anns na bliadhnaichean às dèidh sin. • Tha seann mheatairean dealain againn a tha à cleachdadh agus thèid an toirt air falbh ron Mhàrt 2020. • Cumaidh sinn sùil air cleachdadh gas/dealain agus bathar so-chaitheamh ann an oifis agus bùth CnanL. • Gluaisidh sinn gu bolgan-solais sàbhalaich lùths nuair a dh'fhàiligeas an fheadhainn a th' againn an-dràsta. • Iarraidh sinn air Partick Works beachdachadh air glainne dhùbailte a chur a-steach.
Uidheamachd oifis, coimpiutairean, is mar sin air adhart	Tha còig coimpiutairean deasg, aon laptop, sracadair, lannachair, proiseactair agus seachd fònaichean deasg aig CnanL. Tha lethbhreacadair agus inneal stampachaidh againn air mhàl.	Cleachdadh dealain gus an uidheamachd seo a ruith. Ag ath-nuadhachadh agus a' faighinn cuidhteas uidheamachd aig deireadh beatha.	Bidh sinn a' taghadh mhodailean èifeachdach nuair a bhios sinn a' cur uidheamachd ùr an àite seann uidheamachd, agus bidh sinn a' feuchainn ris a' bheatha as fhaide fhaighinn a-mach à uidheamachd, gun a bhith a' faighinn uidheamachd ùr na h-àite gus nach gabh an t-seann uidheamachd a chleachdadh tuilleadh.	Nuair a nì sinn ath-ùrachadh air a' chùmhachd lùths againn, bidh sinn a' sireadh solaraidhe le tarraif stèidhichte air dealain bho stòran seasmhach.

	Tha siostam eadar-theangachaidh-mar-aon againn bho Sennheiser, a bhios sinn a’ teàirdseadh mus tèid a chleachdadh (turas no dhà gach mìos).		Bidh sinn a’ faighinn cuidhteas de sheann uidheamachd tron chompanaidh ath-chuairteachaidh againn (Sumo) a rèir inbhean àrainneachdail.	
Ag ullachadh biadh, a’ glanadh, seòmraichean ionnlaid, msaa.	Tha cidsin beag aig CnanL a tha air a chleachdadh le neach-glanaidh na h-oifis agus gus tì a dhèanamh, anns a bheil coire agus microwave. Tha inneal-fuarachaidh uisge againn cuideachd air a thoirt seachad le AquAid. Bidh CnanL a’ cleachdadh nan taighean-beaga agus àiteachan-coitcheann a tha air an cumail suas le Partick Works. Chan eil e an urra ri CnanL na h-àiteachan seo a ghlanadh.	A’ cleachdadh uisge, stuthan glanaidh, dealan, msaa.	Bidh sinn a’ ceannach thubhailtean pàipeir agus bagaichean sgudail ath-chuartaichte/ath-chuairteachail. Bidh sinn a’ ceannach siabann làimhe, stuth-nighe shoithichean, agus msaa bho Clarity https://clarityproducts.org/pages/about-us , a bhios a’ faighinn a chuid stuthan bhon RA agus a tha a’ cumail ri inbhean àrainneachd.	Nuair a bhios an stoc làithreach de chupannan plastaig aig AquAid deiseil, chan fhaigh sinn gin a bharrachd. Thèid soithichean glainne a ghabhas ath-chleachdadh a chleachdadh nan àite.
Pàipear, pacadh agus clò-bhualadh	Bidh CnanL a’ cleachdadh mu 25-30 buinneal de phàipear gach bliadhna.	Buaidh air coilltean. Buaidh air lìonadh-talmhainn	Bidh sinn a’ ceannach pàipear lethbhreacadair le teisteanas PEFC (Prògram airson Dearbhadh Teisteanas Coille - <i>Programme for the</i>	Chan urrainn dhuinn a bhith ag amas air an àireimh de chèisean padaichte a lughdachadh fhad ’s a tha sinn ag amas cuideachd air barrachd leabhraichean a reic

	<p>Bidh CnanL a' sgaoileadh leabhraichean air am pacaigeadh ann an cairt-bhòrd/cèisean (gu cuibheasach, 60+ pasgan gach mìos)</p> <p>Tha lethbhreacadair/sganair ioma-ghnìomhach aig CnanL air mhàl bho Ricoh.</p>		<p><i>Endorsement of Forest Certification</i>), agus cèisean padaichte Jiffy Green, air an dèanamh le còmhach de phàipear seasmhach agus le cuiseanadh air an taobh a-staigh a tha gu tur de phàipear sracte agus a tha gu tur ath-chuairteachail, eu-choltach ri bagaichean le builgeanan plastaig air an taobh a-staigh.</p> <p>Thathar a' brosnachadh fhoillsichearan gus pàipear seasmhach a chleachdadh airson leabhraichean a gheibh taic bho CnanL. Tha am fiosrachadh seo air an làraich-lìn againn anns an fhiosrachadh do dh'fhoillsichearan.</p> <p>Far an gabh e dèanamh, ath-chleachdaidh sinn pacaideadh anns an d' fhuair sinn rudan.</p>	<p>air-loidhne. Ach, faodaidh sinn a bhith ag amas air sùil a chumail air agus a bhith a' lughdachadh na tha sinn a' cleachdadh de phàipear lethbhreacadair, agus a bhith a' seachnadh lethbhreacan neo-riatanach de sgrìobhainnean a chlà-bhualadh far am biodh dreachan dealanach iomchaidh. Ann an 2020-21, cumaidh sinn sùil air an àireamh de bhuinnealan pàipear a chleachdas sinn agus bidh e mar amas dhuinn seo a lùghdachadh anns na bliadhnaichean ri thighinn.</p> <p>Nuair a thig an t-aonta-màil làithreach air an lethbhreacadair gu crìch, nì sinn sgrùdadh air roghainnean uaine airson cùmhnantan lethbhreacadair às dèidh sin.</p>
Sgudal	<p>Bidh CnanL a' faighinn leabhraichean agus nithean eile air am pacadh ann an grunn dhòighean, a' gabhail a-steach mòran cairt-bhòrd.</p> <p>Bidh CnanL a' cruthachadh beagan sgudail nach gabh ath-chuairteachadh (mu</p>	Buaidh air lìonadh-talmhainn	<p>Tha sgudal CnanL air a thogail le Sumo Recycling, a bhios gu cunbhalach a' toirt air falbh nan stuthan ath-chuairteachaidh measgaichte againn agus an sgudal coitcheann againn, agus a bhios cuideachd a' toirt air falbh nithean sònraichte mar a dh'fheumar (m.e. uidheamachd dealanach).</p>	<p>Amas gus an àireamh de bhagaichean sgudail coitcheann a chumail aig 52 gach bliadhna (i.e. 1 gach seachdain).</p> <p>Amas gus an àireamh de bhagaichean sgudail ath-chuairteachail a lùghdachadh bho 104 baga gach bliadhna gu 78 gach bhliadhna.</p>

	aon bhaga gach seachdain).			
Siubhal	<p>Bidh luchd-obrach agus buill bùird CnanL a' siubhail gu coinneamhan taobh a-staigh, agus bho àm gu àm, taobh a-muigh na h-Alba</p> <p>Bidh CnanL a' toirt taic do sgrìobhadairean airson a dhol gu tachartasan litreachais taobh a-staigh, agus bho àm gu àm, taobh a-muigh na h-Alba.</p>	Sgaoilidhean carboin bho chòmhdhail	<p>Tha e na rùn dhuinn còmhdhail phoblach a chleachdadh far an gabh seo a dhèanamh (ach faic gu h-ìosal a thaobh COVID-19). Ach, chan eil e daonnan comasach an obair againn a dhèanamh gun a bhith a' cleachdadh charbadan priobhaideach, gu sònraichte ann an sgìrean iomallach no dùthchail mar a' Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan, agus mar sin, tha e do-sheachanta gun tèid càraichean priobhaideach a chleachdadh gu ìre. Gu tric, cuideachd, is e còmhdhail adhair an dòigh as èifeachdaiche gus siubhal eadar tìr-mòr agus na h-Eileanan Siar.</p> <p>NB: Nuair a tha COVID-19 fhathast na chunnart do shlàinte a' phobaill, thathar a' comhairleachadh luchd-obrach gun a bhith a' cleachdadh còmhdhail phoblach agus gus na carbadan aca fhèin a chleachdadh ma dh'fheumas iad siubhal chun na h-oifis, ach gus na tursan sin a chuingealachadh agus a bhith ag obair aig an taigh ma tha sin comasach.</p>	<p>Bidh sinn a' cleachdadh www.claimexpenses.com gus sùil a chumail air siubhal le CnanL le diofar mhodhan siubhail. Tha siostam frith-chothromachadh carboin mar phàirt de claimexpenses.com.</p> <p>Cumaidh sinn sùil air an àireamh de thursan plèana a thèid a ghabhail co-cheangailte ri obair CnanL agus air an àireamh mhiltean a thèid a dhèanamh ann an carbadan priobhaideach, agus nì sinn measadh air roghainnean gus sin a lughdachadh sna bliadhnaichean às dèidh sin.</p> <p>Gabhaidh sinn ann an sgeama-rothaireachd-a-dh'obair aig Riaghaltas na h-Alba gus luchd-obrach a bhrosnachadh a thighinn a dh'obair air baidhsagal. https://www.cyclescheme.co.uk/employers</p>